

NA CAIMBEULAICH



## Slighe Chrom-lusan Ceann a Tuath Leòdhais

Chan eil comharrachadh eile air a' Chogadh Mhòr de leithid Slighe Chrom-lusan Ceann a Tuath Leòdhais. Bidh crom-lusan gan cur ri taobh taighean no lotaichean fir Ceann a Tuath Leòdhais a chaill am beatha sa Chogadh Mhòr.

Tha cuimhneachain ann an riochd crom-luis taobh a-muigh gach taigh cha mhòr agus, gu mì-fhortanach, chan e an-còmhnaidh aon crom-lus ach 2, no 3 no 4.

Thug call bhràithrean, mhac, fhear-pòsta agus athraichean buaidh chianail air a' choimhearsnachd dhùthchail seo. Bha 216 duine à Ceann a Tuath Leòdhais nach do thill bhon Chogadh Mhòr. Tha an t-slighe na chuimhneachan drùidhteach air na fir a chaill am beatha.

**Dè tha crom-lusan a' comharrachadh?**

**Rach gu earrann Latha a' Chuimhneachaidh air làrach-lìn Stòrlann air an Dàrna Cogadh.**

**[www.storlann.co.uk/an-darna-cogadh/#latha-a-chuimhneachaidh](http://www.storlann.co.uk/an-darna-cogadh/#latha-a-chuimhneachaidh)**

**Tha 22 crom-lus uile-gu-lèir air feansaichean baile Thàboist, 4 dhiubh air feansa Àireamh 41.**

**Saoil dè tha na 4 crom-lusan a' comharrachadh?**